

An-diugh Diardaoin

- Mamaidh: Dùisg, Eachainn, dùisg!
- Eachann: Chan eil mi a' dol dhan sgoil an-diugh.
- Mamaidh: Carson? Dè tha ceàrr?
- Eachann: Tha mo làmh goirt.
- Mamaidh: Chan eil e dona. Seo elastoplast. Siuthad! Mach à seo!
- Eachann: Ò Mhamaidh, tha mo làmh uabhasach goirt!

An-diugh Dihaoine

- Mamaidh: Dùisg, Eachainn, dùisg!
- Eachann: Chan eil mi a' dol dhan sgoil an-diugh.
- Mamaidh: Carson? Dè tha ceàrr?
- Eachann: Tha mi uabhasach teth.
- Mamaidh: Chan eil thu dona. Seo uisge fuar. Siuthad! Mach à seo!
- Eachann: Ò Mhamaidh, chan eil mi gu math.

An-diugh Disathairne

- Mamaidh: Dùisg, Eachainn, dùisg!
- Eachann: Chan eil mi a' dol dhan sgoil an-diugh. Chan eil mi gu math.
- Mamaidh: Glè mhath, Eachainn.
- Eachann: Glè mhath?
- Mamaidh: An-diugh Disathairne, Eachainn.